

AG ÀRDACHADH AGUS A' DÌON

A thuilleadh air a bhith a' toirt taic dhan Bhànrigh le a dleastanasan mar Cheann-stàite agus a' gabhail riochd neach-tionnsgain carthannach, tha Prionnsa na Cuimrigh airson traidiseanan, deagh-bheusan agus sàr-mhathas maireannach na dùthcha àrdachadh agus a dhìon. Am measg nithean eile, tha an obair seo a' gabhail a-steach a bhith a' comharrachadh euchdan no chùisean, nach biodh air mòran follais fhaighinn, às aonais a thaic, a' toirt taic do choimhearsnachdan dùthchail Bhreatainn, a' brosnachadh tuathanachas seasmhach, agus ag àrdachadh ceadachas agus tuigsinn nas motha eadar diofar chreideamhan agus choimhearsnachdan.

CLÌ

Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirn ann an Iorc aig tachartas gus an trèana smùid ùr A1 clas Peppercorn, an Tornado, ainmeachadh, sa Ghearran 2009.

A' TOGAIL CHÙISEAN

Annas a' bhliadhna mu dheireadh, tha Prionnsa na Cuimrigh, le taic bho Bhan-diùc na Còirn, aon uair eile air oidhirpeachadh gus a' chuid as fheàrr mu Bhreatainn agus a sluagh àrdachadh agus a dhìon. Glè thrìc tha seo a' gabhail a-steach am Prionnsa a bhith ag obair gu pearsanta mar neach-brosnachaidh airson atharrachadh a mholadh, airson deasbad a ghineadh no airson cùisean air an deach dearmad a dhèanamh a chomharrachadh.

Euchd agus seirbheis

Bidh am Mòrachd Rìoghail a' compàirteachadh gu cunbhalach ann an tachartasan airson aithne a thoirt dha obair nan seirbheisean èiginn. San t-Sultain 2008 bha Am Prionnsa am measg mìle neach aig Cathair-eaglais Liverpool airson moladh a dhèanamh air beatha nam poileas a bha air bàsachadh 's iad a' dèanamh an dleistanais.

Choinnich Am Prionnsa, mar Phàtran Latha Cuimhneachaidh Nàiseanta nam Poileas, ri teaghlaichean nan oifigearan a bha air bàsachadh an dèidh na seirbheis. Nam measg bha Corrie Methven agus Ceit Parker, a chaill an duine aice, PC Anndra Parker bho Phoilis Chinn a Tuath na Cuimrigh ann an tubaist rathaid trì bliadhna air ais. Thuirt a' Bh-ph Parker: "Bha an t-seirbheis dìreach coileanta agus tha mi fìor mhoiteil an-diugh."

Bidh am Mòrachd Rìoghail cuideachd a' gabhail pàirt ann an dleastanasan a bhios a' soillseachadh obair luchd saor-thoileach air feadh na RA. San Iuchair 2008, chum iad cuirm gàrraidh aig Lùchairt Bhuckingham mar urram air Comann Coise Deirge Bhreatainn. Tha a Mhòrachd Rìoghail na Cheann-suidhe air Comann na Croise Deirge Bhreatainn agus chomharraich an tachartas ceud bliadhna de Chùmhnant Sgrìobhte Rìoghail Comann na Croise Deirge Bhreatainn. Bha na mìltean de luchd-obrach agus luchd saor-thoileach na croise Deirge an làthair aig a' chuirm, far an d' fhuair am Prionnsa iuchraichean Land Rover, aon de 60 a bha air an toirt dhan charthannas leis a' chompanaidh chàraichean mar thiodhlac air 60 co-là-breith a Mhòrachd Rìoghail.

Coimhearsnachdan dùthchail, tuathanachas agus biadh

Mar thuathanach e fhèin, tha diù mhòr aig a' Phrionnsa dha tuath Bhreatainn agus math nan daoine a tha a' fuireach agus ag obair air. Tha a bhith a' cumail roinn àiteachais fhallain ro chudromach dhan dùthaich, chan ann dìreach on a tha an dealbh-tìre an urra ri eòlas cruinnichte na coimhearsnachd thuathanachais airson a stiùireadh ach tha structair sòisealta na dùthcha an urra ri bun-stèidh làidir tuathanachais.

'S fhada bhon a tha Am Prionnsa dealasach a thaobh a bhith a' cur air adhart biadh a fhuair a' h-ionadail gus tuathanasan beaga teaghlaich a chuideachadh. Sa Ghiblean 2009 thadhail e air Siorrachd Nottingham gus sgeama barrantachaidh bidhe dha solarraichean a bhios a' ceannach biadh ionadail fàs-bheartach a tha saor bho phòr gin-atharraichte. 'S e sgeama barrantachaidh a th' ann an Comharra Solair Biadh airson Beatha a bheir slighe ceum air cheum gu solarachd sheasmhach. Dh' fhàs an sgeama a-mach à obair Comann na h-Ùireach le dinnearan sgoile, agus ann an òraid aig an fhosgladh, thuirt am Prionnsa, a tha na Neach-taice air Comann na h-Ùireach, gun robh e an dòchas gun gabhadh "ionadan" bidhe leasachadh gus cuideachadh a thoirt dha ospadalan agus sgoiltean biadh fhaighinn bho thuathanaich ionadail.

'S e a bhith a' toirt taic dha teaghlaichean thuathanach pàirt eile de dh'obair A' Phrionnsa. San t-Sultain 2008 chum e cuirm airson Aonadh Bidhe agus Tuathanachais nam Ban (WFU) aig Highgrove. An làthair, bha 130 mnathan thuathanach agus buill thuathanach boireann an WFU, a chaidh a stèidheachadh ann an 1979 gus tuisge air inbhe bathair Bhreatainn adhartachadh, agus gus an neach-dèanamh a cheangal ris an neach-ceannach ach an tèid aig inbhe agus iomadachd biadh Bhreatainn a leasachadh.

GU H-ÀRD BHO MHULLACH GU BONN

Corrie Methven a' coinneachadh ri Prionnsa na Cuimrigh aig seirbheis Latha Cuimhneachaidh Nàiseanta nam Poileas aig Cathair Eaglais Anglican Liverpool san t-Sultain 2008.

Roz Day a' toirt botal de shùgh ubhail dha Prionnsa na Cuimrigh aig cuirm aig Taigh Highgrove dha buill de Aonadh Bidhe agus Tuathanachais nam Ban san t-Sultain 2008.

Ban-diùc na Còirn a' tadhal air Fèill Siorrachd Devon faisg air Exeter sa Chèitean 2008.

Ann an òraid, thug am Prionnsa taing dhan WFU airson an obair ann a bhith a' ruith prògram foghlaim dha bun-sgoiltean airson clann ionnsachadh mu cò às a tha am biadh a' tighinn agus mar a dh'fhàsas iad e gu seasmhach agus mar a dh'itheas iad gu fallain.

Aig Fèill Siorrachd Devon, sa Chèitean 2008, thuirte Ban-diùc na Còirn, mar cheann-suidhe air Comann Àiteachais Siorrachd Devon, ri buill gun robh i air leth toilichte obair Bliadhna Bidhe agus Tuathanachais agus Thuathanasan airson Clann Mhòr-bhailtean fhaicinn. Thuirte i: "Chan urrainn gu bheil mòran nithean cho cudromach ri bhith ag ath-cho-cheangal clann agus gun teagamh inbhich ris an fhearann, agus gan cuideachadh gu tuigsinn mar a tha biadh air fhàs."

Air an dòigh cheudna, choinnich A' Bhan-diùc ri buannaichean Dùbhlann Cook for Life rè Ceala-deug Biadh Bhreatainn 2008 aig Taigh-òsta an Dorchester sa Ghiblean 2009. Bha sgoilearan bho àrd-sgoil Hawarden ann an Siorrachd Flint a' còcaireachd dhith fhèin agus dha aoighean eile.

Creideamh agus coimhearsnachdan cinneachail

Tha a bhith a' brosnachadh ceadachas am Breatainn den iomadh creideamh agus coimhearsnachd eadar-dhealaichte a tha innte, agus a' comharrachadh na h-obrach mhath a tha iad a' dèanamh air feadh na RA air a bhith na chomharra air obair A' Phrionnsa airson ùine mhòr.

San Ògmhios 2008, chum a Mhòrachd Rìoghail cuirm aig Taigh Chlarence dha luchd saor-thoileach ag obair còmhla ri pròiseact Hope 08, tionnsgnadh Criosdail leis an eaglais air a cheann a tha air a chur air dòigh dha na deichean de mhiltean luchd saor-thoileach gus buaidh dheimhinneach a dhèanamh air coimhearsnachdan air feadh na dùthcha. Tha am pròiseact a' brosnachadh buill de choitheanalan eaglaise àite deimhinneach a ghabhail ann a bhith a' cuideachadh ann an atharrachadh an coimhearsnachdan agus dòchas a thoirt dha daoine mun cuairt orra tro dhiofar ghnìomhan.

Sa Ghiblean 2009, thadhail Am Prionnsa agus A' Bhan-diùc air Mosg Dawoodi Bohra ann an Lunnainn gus obair coimhearsnach Mhuslamach ann an Lunnainn a tha air mòran a chur ri gnothachas Breatainn agus aig a bheil gràdh dùthcha aig cridhe a chreideamh a shoilleireachadh. Bha am Prionnsa Qaidjoher Ezzuddin, mac ceannard Daiwoodi Bohra, an làthair agus mhol e Am Prionnsa ann an òraid a thug e do chòrr agus ceud neach a chruinnich sa mhosg ann an Northolt. Thuirte e: "Tha e a' toirt blàthachadh cridhe dhan choimhearsnachd againn agus Muslamaich air fad a tha a' còmhnaidh san Rìoghachd Aonaichte gu bheil Oighre Cathair-rìoghail na dùthcha sa bheil iad a' fuireach a' cur luach air an creideamh agus an traidiseanan anns an dòigh anns a bheil sibhse."

Sa Mhàrt 2009, chomharraich am Mòrachd Rìoghail fèis Hindeach Holi còmhla ri clann sgoile ann an Neasden, Lunnainn, agus làn dath, dannsa agus ciùil aig Sgoil Swaminarayan. Tha Holi a' comharrachadh tighinn an Earraich agus tha e a' comharrachadh mar a tha na Ràithean ag atharrachadh le fèis bheothail a tha a' sealltainn bòidhchead blàthan an Earraich agus an dath a tha nan cois. Choimhead Am Prionnsa agus A' Bhan-diùc an tachartas agus an dèidh làimh thilg iad flùr-bhileagan thar nan òganach a bha còmhdaichte ann am pùdar nuair a bha an taisbeanadh seachad. Thadhail iad cuideachd air seòmar-sgoile far an robh clann còig bliadhna a dh'aois ag ionnsachadh mu Latha an Naoimh Dàibhidh le bhith a' dèanamh shlabhraidhean lus a' chrom-chinn agus a' bèicearachd annasan sònraichte.

Conaltradh agus coinneamhan

A thuilleadh air a bhith a' togail chùisean gu poblach airson aire a thoirt dha cùisean air am faodadh dearmad a bhith dèante air a' chaochladh tha a Mhòrachd Rìoghail, mar Bhall den Chomhairle Dhìomhair e fhèin, cuideachd a' sgrìobhadh gu prìobhaideach gu, agus a' coinneachadh ri Ministearan an Rìghaltais, ceannardan gnothachais agus daoine eile le buaidh air diofar chuspairean a tha air an toirt gu aire no a tha a' dèanamh dragh dha air sgàth iomadh coinneimh agus turais air feadh na RA agus thall thairis. Ann a bhith a' dèanamh seo, tha am Prionnsa daonnan faiceallach cùisean pàrtaidh poiliteigeach agus na tha connspaideach gu poiliteigeach a sheachnadh.

GU H-ÀRD BHO MHULLACH GU BONN

Ban-diùc na Còirn a' coinneachadh ri sgoilearan bho Àrd-sgoil Hawarden ann an Siorrachd Flint ann an cidsinean Taigh-òsta an Dorchester, Lunnainn, a bhuannaich Dùbhlann Còcaireachd airson Beatha sa Ghiblean 2009.

Prionnsa na Cuimrigh còmhla ri Àrd-easbaig Chanterbury, An t-Oil. Rowan Williams, aig Seirbheis Taingealachd ath-nuadhachadh Eaglais Naoimh Màrtainn sna h-Achaidhean ann an Lunnainn sa Ghiblean 2008.

Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirn air an turas gu Mosg Dawoodi Bohra ris an canar an 'Husaini Masjid', ann an Northolt, Lunnainn an Iar sa Ghearran 2009.